

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION\***

**Chan fhaodar seo fhoillseachadh gu 12f air 05/09/2013**

**Tha Plana Gàidhlig Ùr Comhairle nan Eilean Siar a' daingneachadh taic na Comhairle don Ghàidhlig**

Bhruidhinn Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Eilean Siar mun Phlana Ghàidhlig ùr aig a' Chomhairle, airson 2013 - 2017, an-diugh aig coinneamh de Chomataidh Buileachadh Càinain na Comhairle. An làthair aig a' choinneimh bha: Cathraiche Bòrd na Gàidhlig Iain Caimbeul, Ceannard Bòrd na Gàidhlig Iain Aonghas MacAoidh agus Louise NicBheathain, Oifigear Phlanaichean Càinain.

Tha am Plana, a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig, a' togail air na shoirbhich sa chiad Phlana Gàidhlig aig a' Chomhairle agus tha e cuideachd a' cur cudrom air amasan is cinn-uidhe a' Phlana Càinain Nàiseanta Gàidhlig 2012 - 2017. Am measg nan geallaidean aice tha e na amas do Chomhairle nan Eilean Siar dèanamh cinnteach nuair a thig 2017 gum bi co-dhiù 55 às a' cheud den chloinn a thòisicheas air Prìomh 1 sna h-Eileanan Siar a' dol gu foghlam tron Ghàidhlig agus bidh i cuideachd a' toirt taic do bhith cleachdad agus a' leasachadh Gàidhlig ann am beatha làitheil dhaoine. Sheall luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig ann an taisbeanadh a rinn iad cho cudromach agus a bha geallaidean na Comhairle don Phlana Càinain Nàiseanta Gàidhlig.

A' bruidhinn ri Comataidh Buileachadh Càinain na Comhairle, rinn Cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Iain Caimbeul moladh air an obair chruaidh a rinn a' Chomhairle sa bhliadhna a chaidh seachad agus iad ag ullachadh a' Phlana Ghàidhlig aca, agus thuirt e gun robh cur an gnìomh nam Planaichean Gàidhlig fior chudromach do chur air adhart agus cleachdad a' chàinain. Thuirt e: "Tha Comhairle nan Eilean Siar deatamach do mar a shoirbhicheas don Gàidhlig agus tha sinn a' cur fàilte air mar a tha iad a' gealltainn sa Phlana Ghàidhlig aca cleachdad na Gàidhlig a neartachadh eadhon gu ìre nas mothà air feadh nan Eilean Siar."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Tha Planaichean Gàidhlig a' toirt cothrom do bhuidhnean poblach na tha iad a' gealltainn, a thaobh a bhith toirt leudachadh is leasachadh air cleachdadadh na Gàidhlig, a dhèanamh follaiseach. Bidh Planaichean a' cur an cèill mar a tha buidhnean a' moladh Gàidhlig a chleachdadadh an lùib ìomhaigh na buidhne, conaltradh, stuthan foillsichte agus am measg luchd-obrach agus mar a bheir iad taic do leasachadh na Gàidhlig tro bhith lìbhrigeadh nam prìomh ghniomhan poileasaidh aca.

## DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaидh mun fiosrachadh sa bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios le ur toil gu Steven MacIomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig aig [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no air 01463 225 454.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**Embargoed until 12pm 05/09/2013**

## **Comhairle nan Eilean Siar's Revised Gaelic Language Plan Affirms Commitment to Future of Gaelic**

Bòrd na Gàidhlig and Comhairle nan Eilean Siar today discussed its revised Gaelic Language Plan for 2013 – 2017 at a meeting of its Gaelic Language Plan Implementation Committee. The meeting was attended by: Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair) Iain Campbell, Ceannard (CEO) John Angus MacKay, and Gaelic Language Plans officer, Louise MacBean.

The Plan, which was agreed by Bòrd na Gàidhlig, builds on the successes seen through the Council's initial Gaelic Language Plan while concentrating its focus on the aims and ambitions of the National Gaelic Language Plan 2012 – 2017. Amongst its commitments, Comhairle nan Eilean Siar aims to ensure that by 2017 at least 55% of all Primary 1 enrolments roll in the Isles will be in Gaelic-medium education while also continuing to support the use and development of Gaelic in day to day life. In a presentation Bòrd na Gàidhlig staff highlighted the importance of the Comhairle's commitments in support of the National Gaelic Language Plan.

Addressing Comhairle nan Eilean Siar's Gaelic Language Plan Implementation Committee, Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Iain Campbell praised them for their hard work over the last year in preparing the Plan adding that the implementation of Gaelic Plans is vital to the promotion and increased use of the language. He said: "Comhairle nan Eilean Siar is key to Gaelic's future and we welcome the commitment in their Gaelic Language Plan to strengthening even more the use of Gaelic throughout the Western Isles."

The production of Gaelic Plans enables public bodies to make clear commitments about enhancing their use of Gaelic. Plans detail how they propose to use Gaelic in relation to their identity, communications, publications and staffing, and how Gaelic development will be supported through the delivery of their core policy functions.

**ENDS**

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or phoning 01463 225 454.